



North Ayrshire Council  
Comhairle Siorrachd Àir a Tuath

# COMHAIRLE SIORRACHD ÀIR A TUATH

## PLANA GÀIDHLIG

**2019-2024**

Chaidh am plana seo ullachadh fo Earrainn 3 de dh'Àchd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh a cheadachadh le Bòrd na Gàidhlig air 11.09.19

## Facal-toisich

---

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath air a bhith an sàs ann an taic a chumail ri cànan is cultar na Gàidhlig fad còrr is 20 bliadhna. Mar ùghdarras ionadail a tha a' frithealadh raon eug-samhail de chultaran, tha sinn an geall air cur ris an t-solarachadh Ghàidhlig againn. 'S e an sgrìobhainn seo an dàrna dreachd den Phlana Ghàidhlig againn agus tha e na thoileachas dhuinn a bhith a' leasachadh a bharrachd na dòigh-obrach a mhìnich sinn sa chiad Phlana Ghàidhlig againn an 2014-2019.

'S e a tha an amharc aig Achd na Gàidhlig (Alba) inbhe na Gàidhlig a ghlèidheadh mar chànan oifigeil ann an Alba dha bheilear a' sealltainn an aon spèis agus a tha don Bheurla. Tha ar Plana Ghàidhlig a' mìneachadh mar a bhios sinn a' brosnachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig san obair againn air feadh Siorrachd Àir a Tuath. Tha buaidh aige air gach seirbheis Comhairle agus tha grunn roinntean air a bhith ag obair còmhla ga leasachadh. Bha cothroman aig a' mhòr-shluagh agus na com-pàirtichean againn bhon taobh a-muigh am beachdan a thoirt seachad air a' Phlana ath-nuadhaichte againn ann an tachartasan co-chomhairleachaidh agus ann an suirbhìdh air-loidhne.

Tha deagh stèidh againn airson fàs agus thathar gu math dìorrasach mu bhith a' gabhail pàirt ann an tachartasan cultarail na Gàidhlig leithid: an fhèis bhliadhna, clàrsach, cluich a' bhocsa is na fìdhle, bàrdachd, ealain agus òrain. Tha sinn a' measadh ìre ùidh na coimhearsnachd ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath dealas do bhith a' cumail taic ri amasan a' Phlana Ghàidhlig agus do bhith ro-ghnìomhach an toirt gu buil ann an dòigh cho-rèireach.

Tha adhbhar gu leòr ann airson pròis: tuilleadh faicsinneachd den Ghàidhlig san t-suaicheantas Chomhairle againn air barrachd is barrachd de na togalaichean againn; an obair leis na buidhnean Thràth-bhliadhnaichean san Eilean Arainneach a' cumail taic ri bhith a' togail a' chànan, Bookbug Gàidhlig agus seiseanan fiosrachaidh do phàrantan; togail cànan is cultar na Gàidhlig sa Churraicealam airson Sàr-mhathais agus a' cleachdadh nan com-pàirteachasan againn airson ionnsachadh a lìbhrigeadh le Gàidhlig aig a chridhe ann an tachartasan cultarail.

Tha an tradaisean làidir de sholarachadh na Gàidhlig agus na còmhraidhean san ùine bhig a dh'fhalbh le coimhearsnachdan a' cur air bhonn bunait dhaingeann airson dàrna dreachd ar Plana Ghàidhlig, a tha a' sealltainn ar misneachd gun soirbhich leinn ann an leasachadh is brosnachadh na Gàidhlig air feadh Siorrachd Àir a Tuath.

**Craig Hatton**  
**Àrd-oifigear**  
**Comhairle Siorrachd Àir a Tuath**

## CLÀR-INNSE

|   |          |
|---|----------|
| SIORRACHD Àir a tuath .....   | 4        |
| COMHAIRLE SIORRACHD ÀIR A Tuath.....  | 4        |
| Achd na Gàidhlig (alba) 2005 .....  | 5        |
| Ceangail an luchd-ùidhe agus co-chomhairleachadh poblach air an dreachd mun phlana Ghàidhlig againn: .. | 6        |
| Ceadachadh Plana Gàidhlig siorrachd àir a tuath: .....  | 6        |
| geàrr-chunntas air Gàidhlig ann an alba .....   | 6        |
| Gàidhlig ann an Siorrachd àir a tuath .....   | 7        |
| <b>Sgìlean Gàidhlig aig luchd-obrach nac.....</b>   | <b>9</b> |
| Am Plana Gàidhlig ar comhairle .....  | 10       |
| Ìmpleachaidhean Dealbhadh is Poileasaidh airson na Gàidhlig.....  | 12       |
| ag àbhaisteachadh na Gàidhlig .....   | 12       |
| Plana Cànain nàiseanta na Gàidhlig.....   | 12       |
| Dealas do dh’amasan a’ phlana chànain Nàiseanta .....   | 13       |
| Prìomhachasan riaghaltais ionadail .....  | 16       |
| ar plana .....  | 17       |
| amasan aig ìre àrd .....  | 17       |
| geallaidhean sheirbheisean corporra .....   | 23       |
| toirt gu buil agus dearcnachadh .....   | 36       |
| clàr-ama .....  | 36       |
| a’ foillseachadh a’ phlana .....  | 36       |
| goireasan airson a’ phlana.....   | 37       |
| dearcnachadh a’ phlana.....   | 37       |
| eàrr-ràdh 1 – modh-sgrùdadh air comasachd Ghàidhlig air an taobh a-staigh .....                         | 39       |
| eàrr-ràdh 2 – toraidhean a’ cho-chomhairleachaidh.....  | 39       |

# Ro-ràdh

## SIORRACHD ÀIR A TUATH

### 1. Comhairle Siorrachd Àir a Tuath

'S e ùghdarras ionadail le meudachd mheadhanach a tha ann an Comhairle Siorrachd Àir a Tuath air taobh an iar na h-Alba a tha a' frithealadh air sluagh de 138,200 (Cunntas-sluaigh 2011). Tha sgìre an ùghdarras air a roinn eadar tìr-mòr agus dà eilein – an t-Eilean Arainneach agus Cumaradh. Am measg nam prìomh bhailtean tha Àird Rosain, A' Bheithe, Tràigh a' Chaisteil, Dail Ruighe, Irbhinn, An Leargaidh Ghallta, Port a' Mhuilinn, Cill Dingean, Baile an t-Salainn, Baile Steaphain agus Cille Bhrìghde an Iar.

Tha Siorrachd Inbhir Àir a Tuath fa leth, àlainn agus farsaing; na mion dealbh de na nithean as fheàrr ann an Alba. Le iomall creagach na mara, tràighean barraichte agus eilean suaicheanta Arainn agus an dà Chumaradh, tha i uasal à cumadh a tìre is às a' chultar is an dualchas aice. Tha turasachd na mìr cudromach den sgìre agus bidh caistealan àrsaidh sgrìosta, na togalaichean eachdraidheil tàlaidheach Abaid Chill Daingean is Ionad-dualchais Shiorrachd Àir a Tuath agus fèisean dualchasach leithid Fèill Mhoire, an fhèis bhliadhnail, is Fèis Lochlannach na Leargaidh Gallta a' ceangal na coimhearsnachd ris an dualchas aice agus a' cruthachadh mothachaidh làidir mu àite. Tha dualchas is cultar na Gàidhlig na phàirt chudromach den seo tro chànan, cleachdaidhean, sgeulachdan, beachdan, ceòl is beul-aithris.

Tha dùil gun lùghdaich àireamh an t-sluaigh le mu 10,000 uile-gu-lèir ri linn àrdachaidh air imrich-a-mach, le daoine òga gu h-àraidh. A rèir Clàr Easbhaidh Iomadach na h-Alba 2016, 's e Siorrachd Àir a Tuath an còigeamh sgìre as easbhaidhich ann an Alba. Tha na h-àireamhan 2018 bho Crìoch air Bochdainn-cloinne a' sealltainn gu bheil 28% den chloinn ann an Siorrachd Àir a Tuath ann am bochdainn, an treas sgìre as miosa ann an Alba.

## COMHAIRLE SIORRACHD ÀIR A TUATH

Tha Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath air aon de 32 de dh'ùghdarrasan ionadail ann an Alba a chaidh a stèidheachadh le Achd Riaghaltais Ionadail (Alba) 1994. Chaidh Comhairle Siorrachd Àir a Tuath a chruthachadh air 1 Giblean 1996, a' coimeasgachadh sheirbheisean a bha air an lìbhrigeadh roimhe le Chomhairle Sgìre Choineagain agus Comhairle Sgìreil Shrath Chluaidh. Tha e an urra rithe foghlam, seirbheisean cultarail is coimhearsnachd, rathaidean, rianachd air sgudal, leasachadh eaconamach, dealbhadh, taigheadas, slàinte na h-àrainneachd, agus dealbhadh-èiginn a lìbhrigeadh. Tha sinn a' fastadh mu thuaiream 6500 duine.

Tha a' Chomhairle an ceannas air Com-pàirteachas Dealbhadh-coimhearsnachd Shiorrachd Àir a Tuath. Tha a Plana Leasachadh Toraidhean Ionadail mar bhunait ri obrachadh èifeachdach ann an com-pàirteachas agus lìbhrigeadh nan sia toraidhean nàiseanta deug aig Riaghaltas na h-Alba.

Tha Plana Comhairle Siorrachd Àir a Tuath 2019-2024 an ceartair an teis-meadhain co-chomhairleachaidh agus e a' stèidheachadh nan àrd-amasan airson Àir a Tuath, as e Cothromach do na h-Uile. Tha e bunaichte air dà phrìomhachais: Coimhearsnachdan Àrd-amasach agus Àite Brosnachail.

Tha dùbhlain nach beag air a' Chomhairle a thaobh dèiligeadh ri bochdainn is neo-ionannachd le bhith a' tàladh obraichean, a' leudachadh in-imrich, a' toirt piseach air coileanadh foghlaim, a' nuadhachadh sheirbheisean agus a' togail àrd-amasan; agus tha aice ri a h-uile càil a tha seo a dhèanamh ann an suidheachadh eaconamach glè dhùbhlanach. Tha Prògram Cruth-atharrachaidh àrd-amasach aig a' Chomhairle agus tha i ag obair còmhla ri a com-pàirtichean agus a cinn-uidhe a chur an gnìomh tron Cho-aonta Fàs Shiorrachd Àir. Tha dealas làidir aig a' Chomhairle ri comasachd a leudachadh sa coimhearsnachdan agus ri cumhachd a thoirt do na coimhearsnachdan.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu Chomhairle Siorrachd Àir a Tuath aig [www.north-ayrshire.gov.uk](http://www.north-ayrshire.gov.uk).

## ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) aontachadh gus inbhe na Gàidhlig a ghleidheadh mar chànan oifigeil an Alba leis an aon cho-ionannachd spèis is a thathar a' toirt don Bheurla.

Anon de na nithean as cudromaiche ann an Achd 2005 is e an t-ullachadh a bheir comas do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach planaichean Gàidhlig a chur ri chèile. Chaidh an t-ullachadh seo a chruthachadh gus dèanamh cinnteach gun cuidich an earrann phoblach ann an Alba gus seasnachd a thoirt don Ghàidhlig le bhith a' cur ris an inbhe is an ìomhaigh aice agus a' cruthachadh chothroman gus a cleachdadh.

'S e an sgrìobhainn seo an dàrna eagan de Phlana Gàidhlig Siorrachd Àir a Tuath a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur am follais mar a chleachdas sinn a' Ghàidhlig anns an obair againn, mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach fhad is a thathar ri conaltradh ris a' phoball agus ri prìomh chom-pàirtichean agus mar a chuireas sinn air adhart is a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Chaidh Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Àir a Tuath a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, le mothachadh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

## CEANGAIL AN LUCHD-ÙIDHE AGUS CO-CHOMHAIRLEACHADH POBLACH AIR AN DREACHD MUN PHLANA GHÀIDHLIG AGAINN:

Fo Achd 2005, feumaidh buidhnean poblach ullachadh a' Phlana Gàidhlig aca a thoirt gu aire nam buidhnean uile aig a bheil ùidh sa chùis. Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath air beachdan a ghabhail gu follaiseach tro na sia coinneamhan Com-pàirteachasan Ionadachd sa Mhàrt 2019 agus dhèanamh airson ar cuideachadh a bhith a' toirt Gàidhlig nas fhaide air adhart.

Chaidh an dreachd Phlana Ghàidhlig 2019-2024 fhoillseachadh air làrach-lìn na Comhairle airson sia seachdainean bhon Mhàrt 2019 agus chaidh a sanasachd tro na sia Com-pàirteachasan Ionadachd agus tro mheadhanan sòisealta, le lethbhreacan clò-bhuailte rim faighinn ann an leabharlannan poblach.

Thug a' Chomhairle fa-near do thagraidhean a chuireadh dhuinn fhad 's a bhathar ri pròiseas a' cho-chomhairleachaidh.

Tha an t-Achd bho 2005 a' cur mar fhiachaibh air ùghdarrasan poblach deiseileachadh am planaichean Gàidhlig a thoirt gu aire na feadhna aig a bheil ùidh sa chùis. Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath air a dhol an sàs gu poblach air dreach ar plana Gàidhlig tro na coinneamhan sa Mhàrt 2019 aig na sia Com-pàirteachasan Ionadachd agus suirbhidh air-loidhne: faicibh earr-ràdh 2

## CEADACHADH PLANA GÀIDHLIG SIORRACHD ÀIR A TUATH:

Thèid Plana Gàidhlig Siorrachd Àir a Tuath a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig airson ceadachadh air 12<sup>th</sup> An t-og Mhios 2019.

## GEÀRR-CHUNNTAS AIR GÀIDHLIG ANN AN ALBA

Sheall toraidhean on Chunntas-sluaigh 2011 gu bheil an lùghdachadh ann an àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig air slaodachadh bho 2001. Chaidh a chlàradh gun robh 87,056 daoine uile-gu-lèir comasach air bruidhinn agus/no leughadh agus/no tuigsinn na Gàidhlig. Nam measg seo bha 58,000 daoine (1.1% den àireamh-shluaigh) trì bliadhna a dh'aois no nas sine ann an Alba comasach air Gàidhlig a bhruidhinn. Tha seo air crìonadh bho 59,000 ann an cunntas-sluaigh 2001: airson tuilleadh fiosrachaidh no mapaichean nach toir sibh sùil air <https://www.scotlandscensus.gov.uk/>.

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach ann an dualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarail na h-Alba. Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath an geall air na cinn-uidhe a tha air an cur am follais ann am Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig agus tha i air cur an gnìomh nan structairean riatanach agus nan iomairtean airson dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig seasmhach san àm ri teachd ann an Alba.

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig ann an suidheachadh air leth cugallach agus gu bheil oidhirp còmhla, leis an riaghaltas, an roinn phoblach is phrìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth, a dhìth ma tha Gàidhlig gu bhith air ath-bheothachadh mar chànan beothail ann an Alba, gus:

- cur ri inbhe na Gàidhlig;
- togail is ionnsachadh na Gàidhlig a chur air adhart;
- barrachd Gàidhlig ga chleachdadh a bhrosnachadh.

## GÀIDHLIG ANN AN SIORRACHD ÀIR A TUATH

Tha fianais ann air cleachdadh na Gàidhlig sna h-ainmean-àite a thig bhon Ghàidhlig agus a tha sgapte air feadh an àite. Mar eisimpleir:

Arainn – Arran;  
 Cumaradh - Cumbrae;  
 Àird Rosain - Ardrossan;  
 Dàil Ruigh - Dalry;  
 An Leargaidh Ghallda - Largs;  
 Cill Bhreannain – Kilbirnie;  
 Cill Dingean - Kilwinning; and  
 Cille Bhrìghde an Iar – West Kilbride.

Tha Cunntas-sluaigh 2011 a’ toirt seachad an tuairisgeil às ùr air sgilean Gàidhlig, agus 0.8% den àireamh-sluaigh a’ clàradh gu bheil sgilean Gàidhlig aca. Tha ùidh phoblach ann an cothroman ionnsachadh na Gàidhlig sgapte air feadh na sgìre. Thathar a’ cuimhneachadh fhathast air uair a bha luchd-labhairt dùthchasach na Gàidhlig ann an Eilean Arainn.

| Àireamh de dhaoine le sgilean Gàidhlig  |     |
|---|-----|
| A’ bruidhinn na Gàidhlig  | 560 |
| Aois 0-24   | 68  |
| Aois 25-64  | 366 |
| Aois 65-110   | 126 |
| Àireamh de dhaoine 16-74 bliadhna a dh’aois as urrainn dhaibh Gàidhlig a leughadh, a sgrìobhadh is a bhruithinn | 287 |

Chleachd Comhairle Siorrachd Àir a Tuath a’ chiad eagraan den Phlana Ghàidhlig aice 2014-2019 gus còmhradh a chur a’ dol le coimhearsnachan airson faighinn a-mach dè ghabhas dèanamh a thaobh fàs is leasachadh na Gàidhlig. Tha na h-earrainnean a leanas a’ cur am follais nan cothroman làithreach agus tha iad seo nam bun-stèidh mhath air an tèid togail, agus sin a’ toirt a-steach Fòram na Gàidhlig sprogail, obair mhac-meanmnach ann an cultar,

dualchas is ceòl, agus leasachadh cànan leis na tràth-bhliadhnaichean agus bun-sgoiltean. Leanaidh sinn oirnn a' cur ri faicsinneachd na Gàidhlig sna prìomh thogalaichean againn, agus thathar a' leudachadh ar geallaidh, a thòisich leis na bùird-shanais mu thimcheall làraich-togail Taigh-baile Irbhinn agus na soidhnichean ùra taobh a-staigh Ionad Co-labhairt Greenwood, gu bhith a' toirt a-steach làraichean sgoile ùra agus togalaichean eile na Comhairle.

Chan eilear a' solarachadh FTMG no GLPS ann an Siorrachd Àir a Tuath an-dràsta. 'S e am poileasaidh corporra againn a bhith a' toirt foghlam do sgoilearan aig a bheil ùidh ann am FTMG ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan faisg oirne, ach tha sinne a' coimhead air ìre na h-ùidhe ann am FTMG agus ag obair a dh'ionnsaigh ceann-uidhe math.

Tha sinn a' toirt seachad seiseanan Gàidhlig anns na seachd bun-sgoiltean ann an Eilean Arainn, gach seachdain ann an còig dhiubh agus ann an cuibhreannan tìde mu seach san dà eile. Air tìr-mòr, ag obair gu dlùth leis a' Cho-òrdanaiche 1 + 2, tha sinn a' toirt cothrom do na bun-sgoiltean ann an Cill Dingean agus Co-chruinneachaidhean Naomh Mata pàirt a ghabhail ann an caochladh sheiseanan ionnsachadh na Gàidhlig cuibhreann tìde mu seach.

Tha sinn a' libhrigeadh Prògram Ionnsachaidh Stèidhte sa Choimhearsnachd a tha glè èifeachdach, a' tòiseachadh le seiseanan Bookbug Gàidhlig, agus tha sinn a' cur ri ar comasachd sna Tràth-bhliadhnaichean agus le luchd-obrach na Leabharlann gus an tèid aca air Bookbug Gàidhlig a libhrigeadh, a' prìomhachasachadh nan Leabharlannan aig Cill Dingean agus Co-chruinneachaidhean Naomh Mata.

Am measg nan cothroman ionnsachaidh Gàidhlig stèidhte sa choimhearsnachd againn, tha clasaichean tradaiseanta, ionnsachadh stèidhte air pròiseactan, cothroman bogaidh ann an àitichean mar Sabhal Mòr Ostaig, ionnsachadh teisteanachd an SQA agus ionnsramaidean ciùil tradaiseanta far a bheilear a' cur ceòl is cànan ri chèile. Thathar a' libhrigeadh seo ann an com-pàirteachasan leis an treas roinn agus le roinn an Fhoghlaim Adhartaich. Ag obair còmhla ri Suas Leis a' Ghàidhlig, bidh Comhairle Siorrachd Àir a Tuath a' cur air dòigh Làithean na Gàidhlig, a bhios a' toirt cothrom air leth don luchd-ionnsachaidh againn a bhith còmhla ri luchd-ionnsachaidh às Ùghdarrasan Ionadail eile. 'S ann gu mòr a tha sinn an comain aig feachd-obrach nan oidean is saor-thoileach againn agus tha sinn airson aithneachadh a thoirt don luach a tha iad a' cur ri lìghrigeadh a' Phlana Ghàidhlig 2014-2019.

Tha sinn a' leantainn oirnn le bhith a' cumail taic ri Còisir Ghàidhlig na Leargaidh Ghallda, a bhios a' seinn aig tachartasan eadar-dhealaichte agus a' gabhail pàirt ann an co-fharpaisean aig mòdan ionadail, a' tighinn a dh'ionnsaigh àirde aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail agus cuid mhòr de bhuill na còisire a' bruidhinn Gàidhlig agus ùidh aig cuid sa chànan agus sa chultar. Chùm Ionad-dualchais Siorrachd Àir a Tuath tachartas air ainmean-àite na Gàidhlig. Chaidh opara Gàidhlig a chumail ann an com-pàirteachas le sgeulaiche Tony Bonning agus Ayrshire Operatic Experience le sgoiltean a' gabhail pàirt ann an sgeulachdan a leasachadh bho sgeulachdan is stòiridhean tradaiseanta na Gàidhlig, a chaidh an leasachadh an uairsin gu bhith nan opara a b' urrainn dhaibh cur air an àrd-ùrlar.

Cheannaich Leabharlannan Siorrachd Àir a Tuath cruinneachadh susbainteach de leabhraichean Gàidhlig aig gach ìre. Tha iad air am brosnachadh gu cunbhalach agus tha iad



stèidhichte an-dràsta aig Leabharlannan Irbhinn is Bheithe ach faodar am faighinn ma dh'iarrar, agus an togail aig Leabharlann na Comhairle as fhaig air làimh. Faodar cùrsaichean Gàidhlig fhaighinn air iasad cuideachd agus thèid an libhrigeadh gu leabharlann sam bith a thadhar, le aplacaid fòn-làimhe na leabharlann. Thèid iasad a ghabhail air timcheall air 600 rudan gach bliadhna. Bidh an luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a' cuideachadh luchd-obrach na leabharlann ann a bhith a' roghnachadh stuthan ùra Gàidhlig airson nan leabharlannan agus, ged a tha seo na phròiseas leantainneach, bithear a' fighe ath-sgrùdadh bliadhnail air stuthan Gàidhlig a-steach ann am Poileasaidh Leasachadh Cruinneachaidh na leabharlann.

Tha fiosrachadh air Seirbheisean Taigheadais ri fhaighinn sa Ghàidhlig ma thathar ga iarraidh agus tha seo air a chur air adhart air bileagan

## SGILEAN GÀIDHLIG AIG LUCHD-OBACH NAC

Aig an ìre seo, tha dà dhreuchd againn sa bhuideann far a bheil Gàidhlig ainmichte mar dhleastanas no riatanas miannaichte. Bidh Comhairle Siorrachd Àir a Tuath a' gabhail os làimh modh-sgrùdaidhean gach bliadhna air comasachd Ghàidhlig a tha sa bhuidheann mar-thà. Chaidh fa-near a thoirt don mhodh-sgrùdadh 2018 nuair a bhathar ri leasachadh geallaidhean sa phlana agus chaidh Comhairle Siorrachd Àir a Tuath a chuideachadh le sin ann a bhith ag obrachadh a-mach mar a chuirear air dòigh, mar a chumar a' dol agus mar a bheirear piseach air na nì sinn gus cleachdadh na Gàidhlig a chur am feabhas. Tha na toraidhean uile air làrach-lìn na Comhairle.

Chaidh modh-sgrùdadh 2018 a dhèanamh leis an t-suirbhidh aig Bòrd na Gàidhlig.

|   |     |
|---|-----|
| An àireamh de luchd-obrach NAC aig a bheil sgilean Gàidhlig   |     |
| Chan eil mi a' tuigsinn na Gàidhlig   | 158 |
| Thèid agam air beannachaidhean sìmplidh a thuigsinn is a ràdh ann an Gàidhlig                             | 31  |
| Is urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean Gàidhlig aig bun-ìre                                | 2   |
| Is urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean làitheil le fileantaich na Gàidhlig gun duilgheadas | 0   |
| Tha mi a' tuigsinn beagan fhaclan, shoidhnichean no shanasan Gàidhlig                                     | 32  |
| Is urrainn dhomh teachdaireachd shìmplidh a sgrìobhadh ann an Gàidhlig air cairt fhuranach                | 16  |
| Is urrainn dhomh sgrìobhadh mu dheidhinn chuspairean làitheil ann am puist-dealain Ghàidhlig              | 0   |
| Bu toil leam Gàidhlig ionnsachadh   | 79  |
| An àireamh iomlan a fhreagair   | 194 |

Rè ùine a' chiad eagrain den Phlana Ghàidhlig againn thairg sinn trèanadh ann am Mothachadh na Gàidhlig agus clasaichean ionnsachadh inbheach aig dà ìre. Chaidh seiseanan ionnsachadh Gàidhlig Ùlpan a thairgse do luchd-obrach NAC agus buill thaghte sa Ghiblean

2016. Tha raon de chothroman aig ar oidean an cuid sgilean a leasachadh, am measg seo cùrsaichean bogaidh.

Tha an suaicheantas dà-chànanach aig a' Chomhairle air a chleachdadh gu cumanta air togalaichean, carbadan, buill-aodaich, is meadhanan clò-bhuailte is didseatach uile na Comhairle. Thathar a' cur beannachaidhean is abairtean dà-chànanach ri togalaichean ùra is ath-uidheamaichte, nam measg sin togalaichean corporra, togalaichean catharra is dualchais, làraichean sgoiltean ùra agus leabharlannan.

## AM PLANA GÀIDHLIG AR COMHAIRLE

'S e am poileasaidh aig Comhairle Siorrachd a Tuath a tha sa phlana seo agus chaidh aonta a chur ris leis an àrd-sgioba stiùiridh againn agus buill na Comhairle le chèile.

### DREUCHD LE UALLACH OBRACHAIDH DON PHLANA

---

'S e an t-oifigear àrd-rangach le uallach obrachaidh air cumail sùil air deasachadh, lìbhrigeadh agus measadh den Phlana Ghàidhlig aig Comhairle Siorrachd a Tuath:

Rhona Arthur  
Ceannard Sheirbheisean,  
Coimhearsnachdan Ceangailte is Cultar, Eaconamachd & Coimhearsnachdan  
Comhairle Shiorrachd Inbhir Àir a Tuath  
Taigh Choineagain  
Irbhinn  
KA12 8EE

01294 324415

[RhonaArthur@north-ayrshire.gov.uk](mailto:RhonaArthur@north-ayrshire.gov.uk)

### DREUCHD LE UALLACH LÀITHEIL DHAN PHLANA

---

'S e an t-oifigear le uallach obrachaidh airson obrachadh làitheil Plana Gàidhlig Siorrachd Àir a Tuath an t-Àrd-mhanaidsear (Fiosrachadh & Cultar). Bu chòir ceistean mu obrachadh làitheil a' phlana a chur air:

Lesley Forsyth  
Àrd-mhanaidsear (Fiosrachadh & Cultar)  
Coimhearsnachdan Ceangailte, Eaconamachd & Coimhearsnachdan  
Comhairle Siorrachd Àir a Tuath  
Taigh Choineagain  
Irbhinn  
KA12 8EE

01294 310090

[lforsyth@north-ayrshire.gov.uk](mailto:lforsyth@north-ayrshire.gov.uk)

'S e Buidheann Leasachadh Plana na Gàidhlig am buidheann a tha suidhichte airson sùil a chumail air toirt am buil a' phlana taobh a-staigh Comhairle Siorrachd Àir a Tuath agus tha a bhallrachd a' togail a-steach riochdairean bho sheirbheisean air feadh na Comhairle.

Tha aithisgean bliadhnail rim faighinn air làrach-lìn na Comhairle agus tha cothroman ionnsachadh na Gàidhlig clàraichte air mìosachan Ionnsachadh is Leasachadh na Comhairle. Cruthaichidh sinn cùrsa beag air Mothachadh den Phlana Ghàidhlig air làrach ionnsachadh-didseatach an luchd-obrach agus obraichidh sinn leis an sgioba Ghoireasan Daonna/Leasachadh Buidhinn gus seo a cur am follais don luchd-obrach air fad, agus seo a' toirt a-steach prògram inntigidh an luchd-obrach.

Nì sinn am feum as motha de na goireasan Gàidhlig a tha ann mar-thà airson buidhnean co-cheangailte agus taobh a-muigh le bhith a' com-pàirteachadh an eòlais againne.

# ÌMPLEACHAIDHEAN DEALBHAI DH IS POILEASAI DH AIRSON NA GÀIDHLIG

## AG ÀBHAISTEACHADH NA GÀIDHLIG

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath ag aithneachadh gum bithear a' toirt nan diofar phrìomhachasan a chomharraicheadh ann am Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig gu buil tro ar plana Gàidhlig ach gum bi sinn a' sireadh chothroman a bhith a' cur air adhart agus a' leasachadh a' chànain tro chumhaichean poileasaidh a tha againn mar-thà. Tha sinn a' faicinn seo mar phàirt de phrionnsapal an àbhaisteachaidh a tha airson Gàidhlig a thoirt a-steach gu beatha làitheil ann an Alba.

Ann a bhith a' cruthachadh, ag ath-nuadhachadh agus a' cumail sùil air poileasaidhean, bidh Comhairle Siorrachd Àir a Tuath a' beachdachadh air na geallaidhean a rinneadh sa phlana Ghàidhlig seo agus a' dèanamh cinnteach gum bi na buaidhean air a' Ghàidhlig ann an co-rèir ri Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig.

## PLANA CÀNAIN NÀISEANTA NA GÀIDHLIG

Tha Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig a' cuimseachadh air trì prìomh amasan, agus pàirt mhòr chudromach aca uile ri chluich ann a bhith a' meudachadh àireamhan dhaoine a tha ag ionnsachadh, a' bruidhinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba, agus tha e a' mothachadh dha prìomh bhuilean leasachadh anns gach aon dhiubh:

| Raon Leasachaidh                 | Prìomh Builean   |
|----------------------------------|--|
| <b>A' cleachdadh na Gàidhlig</b> | <p>Bithear a' cur air adhart agus a' cumail taic ri àrdachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig. Thèid seo a dhèanamh ann an co-obrachadh le prìomh chom-pàirtichean agus solaraichean tro iomairtean is prògraman Bòrd na Gàidhlig. Tha seo a' toirt a-steach luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh agus iad a' cleachdadh a' chànain nas motha. Tha seo a' ciallachadh gum bithear a' cur air bhonn barrachd shuidheachaidhean far an urrainnear Gàidhlig a chleachdadh. Tha e a' ciallachadh gum bithear a' cleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachaidhean far nach deach a cleachdadh roimhe agus gum bithear a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig sa bheatha làitheil.</p> <p>Tha barrachd cleachdaidh den Ghàidhlig a' neartachadh coimhearsnachd an luchd-labhairt agus a' cur ri a misneachd. Tha seo a' leudachadh nan cothroman a tha ann dhan Ghàidhlig agus</p> |

|  |   |
|--|---|
|  | <p>dhan fheadhainn a bhios a’ cleachdadh na Gàidhlig, agus sin a’ cur ri mothachadh agus ìomhaigh a’ chànain.</p>   |
| <p><b>Ag ionnsachadh na Gàidhlig</b></p> | <p>Bithear a’ brosnachadh agus a’ cumail taic ri ionnsachadh na Gàidhlig. Thèid seo a dhèanamh ann an co-obrachadh le prìomh chom-pàirtichean agus tro iomairtean is prògraman Bòrd na Gàidhlig.</p> <p>Mar phàirt dheth seo, bithear a’ brosnachadh, a’ cumail taic ri, agus a’ meudachadh ionnsachadh na Gàidhlig aig gach ìre ann an gach roinn. Tha e soilleir gun tig na buannachdan a leanas às an seo: mar a nithear adhartas leis, cuiridh seo ris an àireamh de dhaoine a tha a’ tuigsinn, a’ bruidhinn, a’ leughadh agus a’ sgrìobhadh na Gàidhlig agus iad a’ cleachdadh na Gàidhlig le misneachd.</p> <p>Cuirear deagh ìomhaigh den Ghàidhlig air adhart. Thèid seo a dhèanamh ann an co-obrachadh le prìomh chom-pàirtichean agus solaraichean tro iomairtean agus prògraman Bòrd na Gàidhlig.</p> |
| <p><b>A’ brosnachadh na Gàidhlig</b></p> | <p>Thathar an crochadh air grunn iomairtean gus dèanamh cinnteach gu bheilear a’ cur air adhart deagh ìomhaigh den Ghàidhlig. An cois seo nithear cinnteach gum bithear a’ cur meas air Gàidhlig agus gu bheil an luach cudromach a tha i a’ cur ri beatha shòisealta, chultarail agus eaconamach na dùthcha air aithneachadh. Tha e riatanach a bhith a’ cur air adhart deagh ìomhaigh den Ghàidhlig airson tarraingeachd agus inbhe na Gàidhlig a neartachadh ann an Alba agus thall thairis. Tha seo an crochadh air an dà chuid, fheadhainn a tha a’ cleachdadh a’ chànain agus an fheadhainn nach eil.</p>   |

## DEALAS DO DH’AMASAN A’ PHLANA CHÀNAIN NÀISEANTA

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath an geall air dèanamh cinnteach gu bheilear a’ buileachadh a’ Phlana Chànain Nàiseanta Ghàidhlig, agus san earrainn seo, cuiridh sinn am follais mar a tha sinn an dùil an rùn sin a choileanadh.

### AN DACHAIGH AGUS TRÀTH-BHLIADHNAICHEAN

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath a’ tuigsinn gu bheil seasmhachd san àm ri teachd airson na Gàidhlig an crochadh air barrachd dhaoine ag ionnsachadh a’ chànain agus tha cumail taic ri leasachadh san dachaigh agus sna tràth-bhliadhnaichean am prìomh dhòigh air seo a thoirt

gu buil. Cuidichidh sinn le bhith a' cur air dòigh àrainneachd thaiceil airson àrdachadh san àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig san dachaigh agus sna tràth-bhliadhnaichean agus sinn:

- A' cur ri mothachadh air agus a' brosnachadh barrachd phàrantan a bhith a' taghadh foghlam Gàidhlig airson an cuid cloinne
- A' dèanamh cinnteach gu bheil taic phragtaigeach, goireasan agus comhairle ann airson Bookbug Gàidhlig agus ann am foghlam nan tràth-bhliadhnaichean
- A' dèanamh cinnteach gu bheil a' neartachadh nan ceanglaichean eadar cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus solarachadh den Ghàidhlig sna tràth-bhliadhnaichean
- A' toirt piseach air mathas agus so-ruigsinneachd de ghnìomhachdan Gàidhlig ro-sgoile a tha air an stiùireadh le saor-thoilich agus air foghlam reachdail nan tràth-bhliadhnaichean.

## FOGHLAM

---

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath a' tuigsinn gu bheil seasmhachd san àm ri teachd airson na Gàidhlig an crochadh air barrachd dhaoine ag ionnsachadh a' chànain agus seo a' toirt a-steach barrachd chothroman a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig. Cuidichidh sinn le bhith a' cur air dòigh àrainneachd thaiceil airson àrdachadh san àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba agus sinn:

- A' coimhead air iomairtean airson cur air adhart, stèidheachadh agus meudachadh an dà chuid FTMG agus FLI aig ìrean na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile
- A' coimhead air cothrom FTMG a leasachadh còmhla ri pàrantan a tha a' gabhail ùidh ann ann an co-rèir ris an Stiùireadh Nàiseanta
- Ag obair ann an com-pàirteachas leis na h-ùghdarrasan as fhaisg oirnn airson 's gum bi FTMG ann aig ìrean na bun-sgoile is na h-àrd-sgoile, gus an tig uair is gu bheil na tha sin de dh'fhèill is gun cuirear air dòigh FTMG an seo
- A' dèanamh cinnteach gu bheil a' toirt for iomchaidh do thrusadh, glèidheadh, taic agus leasachadh luchd-teagaisg FTMG agus FLI, mas e is gu bheil na tha sin de dh'fhèill is gun cuirear FTMG air dòigh an seo
- A' toirt seachad raon farsaing de chothroman do dhaoine òga am FTMG agus FLI le chèile airson dol an sàs ann an gnìomhachdan a tha a' neartachadh an sgilean Gàidhlig tro bhith gan cleachdadh nas motha
- A' tairgse chothroman gus comasachd a leudachadh am measg an fheachd-obrach teagaisg a tha againn mar-thà tro leasachadh cànanain no trusadh
- A' dèanamh cinnteach gun dèanar na dh'fheumas airson 's gum bi an dà chuid FTMG agus FLI math gu leòr a rèir Stiùireadh Nàiseanta agus ann an dòighean eile
- A' meudachadh so-ruigsinneachd agus pàirteachas ann an raon farsaing de chothroman ionnsachadh na Gàidhlig airson inbheach agus ag àrdachadh nan àireamhan de dhaoine a tha a' tighinn gu fileantas
- A' dèanamh cinnteach gu bheil goireasan matha ann airson taic a chumail ri inbheach a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig.

## COIMHEARSNACHD

---

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath a' tuigsinn gu bheil inbhe na Gàidhlig feumach air barrachd dhaoine a bhith ag eadar-obrachadh leis a' chànan bho latha gu latha.

Cuidichidh sinn le bhith a' cur air dòigh àrainneachd thaiceil airson àrdachadh san àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba agus sinn:

- A' leantainn oirnn le taic a thoirt seachad agus a' leasachadh cothroman ionnsachadh na Gàidhlig airson inbheach
- A' leantainn oirnn le taic a thoirt do bhuidhnean Gàidhlig agus cultarail coimhearsnachd ann an sgìre an ùghdarras ionadail, gus ìomhaigh a' chànan àrdachadh, gus cleachdadh a chur am meud agus gu luchd-ionnsachaidh ùra a bhrosnachadh
- Ag obair gu dlùth leis an Fhòram Ghàidhlig gus barrachd cothroman ionnsachaidh a leasachadh ann an coimhearsnachdan Siorrachd Àir a Tuath.

## AN T-ÀITE-OBACH

---

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath a' tuigsinn gu bheil a' Ghàidhlig na sgil cudromach a tha a' cur luach ri ar feachd-obrach agus gum bi deagh bhuidheann air aithneachadh de sgilean Gàidhlig. Nì sinn na leanas airson ar comasachd Ghàidhlig a leudachadh agus airson cur ri cleachdadh na Gàidhlig mar chànan san àite-obrach ann an Alba agus sinn:

- A' cruthachadh deagh fhaireachadh a dh'ionnsaigh na Gàidhlig san àite-obrach tro bhith a' cur mothachadh am meud agus tro shoidhnichean
- A' brosnachadh trusadh luchd-labhairt na Gàidhlig do dhreuchdan sa bhuidheann far a bheil cleachdadh na Gàidhlig ainmichte mar uallach no na riatanas miannaichte
- A' dèanamh cinnteach gu bheil an cànan a' sìor fhàs nas fhaicsinnich san àite-obrach
- A' leantainn oirnn a' tairgse cothroman do luchd-obrach Gàidhlig ionnsachadh agus do luchd-labhairt an sgilean cànan a leasachadh
- Ag ath-sgrùdadh comasachd Ghàidhlig ann an NAC gu cunbhalach tro mhodh-sgrùdadh sgilean luchd-obrach na Gàidhlig.

## NA MEADHANAN IS NA H-EALAINEN; DUALCHAS IS TURASACHD

---

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath a' tuigsinn gu bheil gnìomhachasan nam meadhanan, nan ealainen, an dualchais agus na turasachd aig cridhe oidhirpean a bhith a' cumail beò agus a' meudachadh com-pàirteachadh agus barrachd cleachdaidh den Ghàidhlig air feadh na h-Alba. A bharrachd air seo, tha sinn ag aithneachadh gum bi na roinnean seo a' cur gu mòr ri eaconamachd na h-Alba. Nì sinn na leanas airson cur air dòigh àrainneachd thaiceil airson fàs ann am meadhanan, ealainen, dualchas agus turasachd Ghàidhlig ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta agus sinn:

- Ag àrdachadh ìomhaigh gnìomhachdan Gàidhlig ann an Siorrachd Àir a Tuath agus gam brosnachadh tro na meadhanan

- A' leantainn oirnn a' cumail taic ri agus a' sealltainn gu bheil na h-ealainean, an cultar agus an dualchas Gàidhlig air am fighe a-steach ann am prògraman de ghniòmhadh a ghabhas an t-ùghdarras ionadail os làimh no a thèid am maoinachadh leis
- A' sireadh chothroman airson 's gum bi na h-ealainean is na meadhanan a' cur na Gàidhlig am follais
- A' cur air adhart so-fhaicsinneachd is so-chlaistinneachd na Gàidhlig mar phàirt air leth de dhualchas na h-Alba
- A' cur am meud cleachdadh na Gàidhlig anns na roinnean dualchais is turasachd, agus am measg sin a bhith ga cleachdadh air soidhnichean is stuthan eadar-mìneachaidh, an dà chuid san roinn phoblaich is san roinn phrìobhaidich
- A' dèanamh cinnteach gu bheil an t-aithneachadh iomchaidh air a thoirt dhan Ghàidhlig agus gu bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh ann an àitichean de shuim shònraichte agus ann a bhith a' sanasachd thachartasan nàiseanta
- A' dèanamh cinnteach gu bheil cudromachd na Gàidhlig ann an eachdraidh na h-Alba agus a h-ìomchaidheachd an-diugh ga lorg ann an roinn na turasachd.

## CORPAS

---

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath ag aithneachadh gum feumar ìomchaidheachd is co-sheasmhachd na Gàidhlig a neartachadh, gu bheil e cudromach deagh sheirbheisean eadar-theangachaidh a dhèanamh comasach agus gum feumar rannsachadh air a' chànan a bhrosnachadh. Nì sinn na leanas airson corpas na Gàidhlig a neartachadh agus sinn:

- A' leantainn oirnn a' cur am follais eòlas is tuigse de dh'ainmean-àite na Gàidhlig
- A' leantainn oirnn a' cleachdadh deagh sheirbheisean eadar-theangachaidh airson ar n-eadar-theangachaidhean a dhèanamh mar a dh'ìarras muinntir na sgìre.

## PRÌOMHACHASAN RIAGHALTAIS IONADAIL

Tha a' Chomhairle aig stiùir Com-pàirteachas Planadh Coimhearsnachd Siorrachd Àir a Tuath. 'S e a Plana Leasachadh Builean Ionadail a tha am fòcas airson obair chom-pàirteachaidh èifeachdach agus libhrigeadh nan sia builean nàiseanta deug aig Riaghaltas na h-Alba. Cuirear air dòigh cothroman airson trèanadh ann an sgìlean cànan na Gàidhlig airson nam com-pàirtichean CPP againn.

Tha Plana Comhairle Siorrachd Àir a Tuath 2019-2024 an teis-meadhain co-chomhairleachaidh agus e a' cur am follais ar n-àrd-amasan airson Siorrachd Àir a Tuath, as e Cothromach airson na h-Uile. Tha e bunaichte air dà phrìomhachais: Coimhearsnachdan Àrd-amasach agus Àite Brosnachail.



# AR PLANA

## AMASAN AIG ÌRE ÀRD

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath ag aithneachadh cudromachd Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig agus a' toirt dealas do bhith a' cur am meud so-fhaicsinneachd na Gàidhlig. Tha Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Àir a Tuath a' cur am follais na thig aig toiseach-tòiseachaidh airson sheirbheisean.

Chomharraich Bòrd na Gàidhlig sreath de dh'amasan aig ìre àrd ann an Cèitean 2019 Chaidh na h-amasan aig ìre àrd aontachadh le John Swinney, Leas-prìomh Mhinistear na h-Alba agus Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlaim agus Sgìlean. Tha na h-amasan aig ìre àrd seo a' cumail taic ris a' Phlana Chànain Nàiseanta Ghàidhlig a tha ann an-dràsta agus na Builean Nàiseanta.

| Àir. | Amas aig Ìre Àrd  | Na Nithear An-dràsta  | Na dh'fheumas Dèanamh   | Mar a Chithear Soirbheas  | Aig Stiùir |
|------|---|---|---|---|------------|
| 1    | Gun toirear gach gealladh bhon chiad eagra de Phlana Gàidhlig Shiorrachd Àir a Tuath a tha fhathast san raon-obrach aice air adhart agus sin a libhrigeadh. | Tha na diofar phrìomhachasan a chaidh ainmeachadh sa Phlana Chànain Nàiseanta Ghàidhlig gam buileachadh tro Phlana Gàidhlig Shiorrachd Àir a Tuath. | Leanaidh sinn oirnn a' toirt gu buil gach gealladh a tha fhathast san raon-obrach againn. | Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail Dheimhinneach a' cur adhartais am follais | Ceannardan |
| 2    | Gun cuirear ri faicsinneachd na Gàidhlig sa Chomhairle.   | Bidh sinn a' cleachdadh suaicheantais dà-   | Nochdaidh sinn spèis cho-ionann ris a' Ghàidhlig agus ris                                 | Measaidhean lèirsinneach  | Ceannardan |

|   |   |  |  |  |                   |
|---|---|--|--|--|-------------------|
|   |   | <p>chànanach agus tha Gàidhlig air soidhnichean taobh a-staigh agus taobh a-muigh ann an togalaichean ùra no ath-uidheamaichte agus carbadan na comhairle.</p> | <p>a' Bheurla nuair a leasaichear às ùr no nuair a dh'ath-nuadhaichear suaicheantas.</p> <p>Cuiridh sinn air adhart mothachadh ar luchd-obrach a thaobh a' Phlana Ghàidhlig againn le bhith a' leasachadh ionnsachaidh-dealain.</p>  | <p>Cùrsa ionnsachadh-dealain</p> <p>Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail</p> <p>Dheimhinneach a' cur adhartais am follais</p> |                   |
| 3 | <p>Gus cur ris a' chomasachd a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an obair na Comhairle.</p> | <p>Bidh sinn a' cleachdadh na Gàidhlig ann an obair na Comhairle leis na soidhnichean agus beannachdan phuist-d againn.</p>                                    | <p>Leanaidh sinn oirnn a' feuchainn gu dìcheallach ri cur ris a' chomas againn a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an obair na Comhairle, agus sin a' toirt a-steach a bhith a' stèidheachadh freagairt chorporra chunbhalach do phuist-d sam bith a gheibhear sa Ghàidhlig.</p> | <p>Barrachd cleachdadh air a chomharradh ann am modh-sgrùdadh sgilean an luchd-obrach</p>                              | <p>Ceannardan</p> |

|   |  |   |  |   |  |
|---|--|---|--|---|--|
| 4 | Gus ìomhaigh gnìomhachdan na Gàidhlig àrdachadh ann an Siorrachd Àir a Tuath.  | Bidh sinn a' fighe Gàidhlig a-steach ann an gnìomhachdan na Comhairle le modh-obrach 'àbhaisteachaidh'.   | Leanaidh sinn oirnn ag àbhaisteachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an gnìomhachdan na Comhairle.   | Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail Dheimhinneach a' cur adhartais am follais             | Ceannardan   |
| 5 | Gun lean sinn oirnn ag obair còmhla ris na h-ùghdarrasan as fhaisge oirnn agus buidhnean eile airson ro-innleachdan leasachadh na Gàidhlig a chur air adhart.  | Bidh sinn ag obair gu dlùth leis na h-ùghdarrasan as fhaisge oirnn agus le buidhnean eile airson ro-innleachdan leasachadh na Gàidhlig a chur air adhart. | Leantainneach  | Fianais air obair chom-pàirteach  | Ceannardan   |
| 6 | Gus leantainn oirnn a' leasachadh na Gàidhlig tro bhith a' cur air adhart cothroman a bhios a' brosnachadh ionnsachadh na Gàidhlig feadh nan aonadan thràth-bhliadhnaichean, bun-sgoile agus àrd-sgoile ann an com-pàirteachas le iomairtean cànan 1+2, agus an lùib sin a' toirt trèanadh do thidsearan ann an sgilean cànan sònraichte na Gàidhlig gus an tèid aca air GLPS a libhrigeadh. | Bidh sinn a' cur air adhart cothroman ionnsachadh na Gàidhlig nar n-ionadan thràth-bhliadhnaichean is bun-sgoile  | Cuiridh sinn ris a' chomasachd aig ar luchd-obrach tro bhith a' cur air adhart cothroman trèanaidh agus com-pàirteachadh deagh chleachdadh | Barrachd cleachdaidh air a chomharradh ann am modh-sgrùdadh sgilean an luchd-obrach | Ceannard Sheirbheisean, Foghlam agus Fastadh Òigridh |
| 7 | Gus cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh air làrach-lìn agus eadra-lìn NAC, agus gus stiùireadh a chur air an làraich-lìn airson  | Bidh sinn a' cur air adhart fiosrachadh mu dheidhinn FTMG   | Nì sinn cinnteach gur e am fiosrachadh às ùire   | Beachdan deimhinneach air   | Ceannard Sheirbheisean,                              |

|    |   |   |  |  |   |
|----|---|---|--|--|---|
|    | pàrantan a thaobh na còrach aca tagradh airson foghlam bun-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig ann an co-rèir ri Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.  | air an làraich-lìn againn   | mu dheidhinn FTMG a tha ann agus gun tèid a shasanachd   | ais thugainn bho na pàrantan   | Foghlam agus Fastadh Òigridh                        |
| 8  | Gun lean sinn oirnn a' cumail taic ri agus a' leasachadh chothroman ionnsachadh na Gàidhlig do dh'inbhich, le clasaichean Gàidhlig ann do luchd-obrach NAC mar phàirt den phrògram leasachaidh phearsanta aca, agus le clasaichean Gàidhlig ann rè Seachdain Luchd-ionnsachaidh Inbheach.   | Bidh sinn a' brosnachadh ionnsachadh na Gàidhlig fad is farsaing ann an Siorrachd Àir a Tuath   | Cuiridh sinn ri comasachd ar luchd-obrach tro bhith a' brosnachadh chothroman trèanaidh agus com-pàirteachadh deagh chleachdadh                                    | Barrachd cleachdaidh air a chomharradh ann am modh-sgrùdadh sgilean an luchd-obrach  | Ceannard Sheirbheisean, Coimhearsnachdan Ceangailte |
| 9  | Gun lean sinn oirnn a' cumail taic ri buidhnean coimhearsnachd airson cànan agus cultar na Gàidhlig a tha ann mar-thà no a tha ùr ann an sgìre an ùghdarrais ionadail, agus cuideachadh le bhith ag àrdachadh ìomhaigh a' chànain, a' meudachadh cleachdaidh agus a' misneachadh luchd-ionnsachaidh ùra. Thèid seo a bhrosnachadh gu com-pàirtichean CPP. | Bidh sinn a' brosnachadh buidhnean coimhearsnachd ùra airson cànan is cultar na Gàidhlig fad is farsaing ann an Siorrachd Àir a Tuath | Cuiridh sinn ri comasachd ar saor-thoileach is oidean le bhith a' brosnachadh chothroman trèanaidh is a' toirt seachad cothroman a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig | Beachdan deimhinneach air ais thugainn bho bhuidhnean cànan is coimhearsnachd<br><br>Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail Dheimhinneach a' cur adhartais am follais | Ceannard Sheirbheisean, Coimhearsnachdan Ceangailte |
| 10 | Gun obraich sinn gu dlùth le Fòram na Gàidhlig airson barrachd cothroman ionnsachadh na Gàidhlig a chruthachadh ann an coimhearsnachdan Shiorrachd Àir a Tuath.   | Bidh sinn ag obair le Fòram na Gàidhlig airson barrachd cothroman a leasachadh Gàidhlig ionnsachadh is bidh sinn gan sanasachd        | Cuiridh sinn ri comasachd ar saor-thoileach is oidean le bhith a' brosnachadh chothroman trèanaidh is a' toirt   | Beachdan deimhinneach air ais thugainn bho Fhòram na Gàidhlig  | Ceannard Sheirbheisean, Coimhearsnachdan Ceangailte |

|    |  |   |  |   |   |
|----|--|---|--|---|---|
|    |  | fad is farsaing ann an Siorrachd Àir a Tuath  | seachad cothroman a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig  | Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail Dheimhinneach a' cur adhartais am follais             |   |
| 11 | Gun cuir sinn air dòigh trèanadh ann an sgilean na Gàidhlig airson luchd-obrach a tha an sàs gu dìreach ann am buileachadh plana na Gàidhlig agus/no mar thoradh air modh-sgrùdadh nan sgilean Gàidhlig. | Bidh sinn a' tairgse chothroman Gàidhlig ionnsachadh                                  | Nì sinn ath-sgrùdadh air modh-sgrùdadh an luchd-obrach againn agus ceanglaichean dìreach a dhèanamh agus gu bhith a' brosnachadh gu dìreach trèanadh ann an sgilean na Gàidhlig dhan luchd-obrach aig a bheil ùidh | Barrachd cleachdaidh air a chomharradh ann am modh-sgrùdadh sgilean an luchd-obrach | Ceannard Sheirbheisean, Coimhearsnachdan Ceangailte |
| 12 | Gun dèan sinn sgrùdadh gu cunbhalach air comasachd na Gàidhlig ann an NAC le modh-sgrùdadh sgilean Gàidhlig an luchd-obrach.   | Bidh sinn a' dèanamh modh-sgrùdadh gach bliadhna air sgilean Gàidhlig an luchd-obrach | Leantainneach  | Barrachd cleachdaidh air a chomharradh ann am modh-sgrùdadh sgilean an luchd-obrach | Ceannard Sheirbheisean, Coimhearsnachdan Ceangailte |
| 13 | Gum bi Latha Gàidhlig na Comhairle againn gach bliadhna airson an cànan a bhrosnachadh.  | Chan eil fòcas bliadhnail againn airson brosnachadh na Gàidhlig an-dràsta             | Cuiridh sinn ri brosnachadh na Gàidhlig le latha de thachartasan sònraichte.   | Beachdan deimhinneach air ais thugainn bho bhuidhnean cànan is coimhearsnachd       | Ceannard Sheirbheisean, Coimhearsnachdan Ceangailte |

|    |  |  |   |  |   |
|----|--|--|---|--|---|
|    |  |  |   | Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail Dheimhinneach a' cur adhartais am follais  |   |
| 14 | Gun lean sinn oirnn a' cumail taic ri agus a' sealltainn gu bheilear a' toirt na h-ealainean, an cultar agus an dualchas Gàidhlig a-steach ann am prògraman de ghnìomhachdan a nì no a mhaoinicheas an t-ùghdarras ionadail. | Bidh sinn a' fighe a-steach ealainean, cultar agus dualchas na Gàidhlig sna prògraman gnìomhachd coitcheann againn.  | Cuiridh sinn ri comasachd ar saor-thoileach is oidean le bhith a' brosnachadh chothroman trèanaidh is a' toirt seachad cothroman a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig  | Beachdan deimhinneach air ais thugainn bho bhuidhnean cànan is coimhearsnachd<br><br>Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail Dheimhinneach a' cur adhartais am follais | Ceannard Sheirbheisean, Coimhearsnachdan Ceangailte |
| 15 | Gun lean sinn oirnn a' meudachadh so-fhaicsinneachd na Gàidhlig le bhith a' cur barrachd shoidhnichean dà-chànanach Beurla/Gàidhlig ann an togalaichean na Comhairle, a' nochdadh spèis cho-ionann ris na cànanan.           | Bidh sinn a' cleachdadh suaicheantais dà-chànanach agus tha Gàidhlig air soidhnichean taobh a-staigh agus taobh a-muigh ann an togalaichean ùra no ath-uidheamaichte agus carbadan na comhairle. | Leanaidh sinn oirnn a' meudachadh an raoin de dh'abairtean a tha air an cleachdadh agus cuiridh sinn iad seo ris na togalaichean, an dà chuid an fheadhainn ùra agus an fheadhainn a tha air an ath-uidheamachadh, agus cuiridh sinn ri | Measaidhean lèirsinneach Cùrsa ionnsachadh-dealain<br><br>Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail Dheimhinneach a' cur adhartais am follais                            | Ceannardan  |

|  |  |  |   |  |  |
|--|--|--|---|--|--|
|  |  |  | mothachadh an luchd-obrach den ghealladh againn a bhith nas mothachaile dhan Phlana Ghàidhlig agus sinn a' leasachadh ionnsachadh-dealain |  |  |
|--|--|--|---|--|--|

## GEALLAIDHEAN SHEIRBHEISEAN CORPORRA

Tha gu bheil Gàidhlig ann an dearbh-aithneachadh corporra agus air soidhnichean ùghdarras ionadail a' cur gu mòr ri faicsinneachd a' chànain, ag àrdachadh a h-inbhe agus ag ràdh rudeigin cudromach mun luach a thathar a' cur air a' Ghàidhlig agus mar a thathar ga h-aithneachadh. Faodaidh leasachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an soidhnichean briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a shaoibhreachadh cuideachd, agus faodaidh seo cur ri mothachadh poblach den chànan agus cur ri a leasachadh.

**Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh agus a h-inbhe àrdachadh.**

| Faicsinneachd |                      |                       |                          |      |            |
|---------------|----------------------|-----------------------|--------------------------|------|------------|
| Àir.          | Na Nithear An-dràsta | Na dh'fheumas Dèanamh | Mar a Chithear Soirbheas | Deit | Aig Stiùir |

|    |  |  |  |               |                                   |
|----|--|--|--|---------------|-----------------------------------|
| 16 | Bidh sinn a' cleachdadh suaicheantais dà-chànanach agus tha Gàidhlig air soidhnichean taobh a-staigh agus taobh a-muigh ann an togalaichean ùra no ath-uidheamaichte agus carbadan na comhairle. | Cuiridh sinn air adhart mothachadh ar luchd-obrach a thaobh a' Phlana Ghàidhlig againn le bhith a' leasachadh ionnsachaidh-dealain.<br><br>Leanaidh sinn oirnn a' coimhead air ciamar a chleachdas sinn Gàidhlig air soidhnichean taobh a-staigh agus taobh a-muigh ann an togalaichean ùra no ath-uidheamaichte agus carbadan na comhairle. | Measaidhean lèirsinneach Cùrsa ionnsachadh-dealain Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail Dheimhinneach a' cur adhartais am follais | Leantainneach | Ceannardan Plana Gàidhlig agus HR |
| 17 | Cleachdaidh sinn suaicheantas dà-chànanach.  | Leanaidh sinn oirnn a' cleachdadh an t-suaicheantais dà-chànanaich nas motha.  | Barrachd cleachdaidh eadar-dhealaichte de shuaicheantas na Comhairle   | Leantainneach | Ionmhas agus Taic Chorporra       |
| 18 | Bidh sinn a' brosnachadh na Gàidhlig aig tachartasan airson luchd-obrach is buill thaghte a dhèanamh nas mothachaile agus aig tachartasan co-chomhairleachaidh poblach.                          | Leanaidh sinn oirnn a' brosnachadh na Gàidhlig aig tachartasan airson luchd-obrach is buill thaghte a dhèanamh   | Beachdan air ais thugainn ìre-frithealaidh   | Leantainneach | Seirbheisean Deamocratach         |



|    |   |  |  |               |                                   |
|----|---|--|--|---------------|-----------------------------------|
|    |   | nas mothachaile agus aig tachartasan co-chomhairleachaidh poblach.   |  |               |                                   |
| 19 | Bidh sinn a' cur air dòigh barrachd stuthan dà-chànanach, am measg sin Plana Cànan na Gàidhlig agus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. | Leanaidh sinn oirnn a' cur susbaint dhà-chànanach ri làrach-lìn na Comhairle. Sgrìobhaidh sinn mun Phlana Ghàidhlig, mu Fhoghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus tachartasan cultarail ann an Siorrach Àir a Tuath airson làrach-lìn na Comhairle. | Tha aon dhuilleag dhà-chànanach a-mhàin againn le sgrìobhadh Gàidhlig an-dràsta. Cuiridh sinn seo am meud sna 5 bliadhnaichean, a' cur ri stuth dà-chànanach ann am foghlam, prìomh sgrìobhainnean na Comhairle agus cultar. Thèid seo ath-sgrùdadh gu lèirsinneach, tro bheachdan a thig air ais bho luchd-cleachdaidh agus tadhalan air an làrach-lìn. | Leantainneach | Foghlam agus Fastadh Òigridh      |
| 20 | Bidh sinn a' cleachdadh an t-suaicheantais dhà-chànanaich againn air pàipearachd.   | Cuiridh sinn Gàidhlig ri pàipearachd nuair a thèid a chlà-bhualadh a-rithist.  | Measaidhean lèirsinneach   | Leantainneach | Ionmhas agus Taic Chorporra       |
| 21 | Bidh sinn a' cleachdadh suaicheantais dà-chànanach agus tha Gàidhlig air soidhnichean taobh a-staigh agus taobh a-muigh ann an        | Leanaidh sinn oirnn a' meudachadh an raoin de dh'abairtean a tha air an cleachdadh   | Measaidhean lèirsinneach Cùrsa ionnsachadh-dealain   | Leantainneach | Ceannardan Plana Gàidhlig agus HR |

|    |  |  |   |                                      |      |
|----|--|--|---|--------------------------------------|------|
|    | togalaichean ùra no ath-uidheamaichte agus carbadan na comhairle.              | agus cuiridh sinn iad seo ris na togalaichean, an dà chuid an fheadhainn ùra agus an fheadhainn a tha air an ath-uidheamachadh, agus cuiridh sinn ri mothachadh an luchd-obrach den ghealladh againn a bhith nas mothachaile dhan Phlana Ghàidhlig agus sinn a' leasachadh ionnsachadh-dealain | Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail Dheimhinneach a' cur adhartais am follais |                                      |      |
| 22 | Cleachdaidh sinn an suaicheantas dà-chànanach againn air soidhnichean rathaid. | Cuiridh sinn Gàidhlig ri soidhnichean rathaid stairsneach nuair a bhios iad gan ath-nuadhachadh.   | Soidhnichean a' nochdadh  | Nuair a tha soidhnichean ùra a dhìth | Àite |

## LUCHD-OBACH

Airson seirbheisean a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, tha e deatamach na sgilean obrach riatanach agus sgilean cànan an luchd-obrach a leasachadh. Tha solarachadh ionnsachadh cànan do luchd-obrach a' cuideachadh ionnsachadh inbheach na Gàidhlig agus a' cur Gàidhlig air adhart mar sgil a tha feumail san àite-obrach. Nì e feum mòr do dh'inbhe a' chànan agus a faicinn mar deagh sgil as fhiach togail ma shònraichear obraichean sa bheil a' Ghàidhlig na sgil ainmichte.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd cuideachail airson aithneachadh gum bu chòir Gàidhlig a chleachdadh san t-saoghal phoblach cuideachd agus gu bheil pàirt chudromach aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig ri chluich am broinn ùghdarras phoblaich. Ge b' e dè an ìre de sgilean Gàidhlig a tha a dhìth tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan cinnteach gu bheil Gàidhlig na riatanas obrach dha-rìribh. Bu chòir do dh'ùghdarrasan gabhail ri slatan-tomhais neo-chlaon agus iad sin a chur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' fastadh dhaoine anns gach suidheachadh air stèidh chothromach agus cho-sheasmhach, agus gu bheil iad a' freagairt ris na sgilean ainmichte airson na dreuchd.

Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath a' gabhail os làimh modh-sgrùdadh air sgilean luchd-obrach agus, thuige seo, tha i air grunnan neach-labhairt na Gàidhlig a lorg. Bidh leasachadh comasachd an luchd-obrach air aon de na pàrtean bunaiteach sa Phlana Ghàidhlig; a dh'aindeoin seo, tha ar comas cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh ann an saoghal na Comhairle fo chuing agus 's e an dòigh-obrach a bhios againn a bhith a' leasachadh sgilean mus leig sinn leis a' mhòr-shluagh creidsinn gum bithear ga cleachdadh gu ìre fharsaing.

**Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath ag aithneachadh gu bheil e cudromach a' Ghàidhlig fhaicinn mar sgil obrach cudromach agus a bhith a' sònrachadh shuidheachaidhean far a bheil a cleachdadh deatamach no air iarraidh. Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath ag aithneachadh cuideachd gu bheil e cudromach leigeil leis an luchd-obrach an cuid sgilean Gàidhlig a leasachadh ma thogras iad agus mar a tha feum gnothachais ann.**

| Luchd-obrach |  |  |                                    |               |            |
|--------------|--|--|------------------------------------|---------------|------------|
| Àir.         | Na Nithear An-dràsta   | Na dh'fheumas Dèanamh  | Mar a Chithear Soirbheas           | Deit          | Aig Stiùir |
| 23           | Leanaidh sinn oirnn a' cleachdadh sanasan a bhith a' trusadh dhaoine gu dreuchdan far a bheil e na riatanas obrach a bhith comasach air Gàidhlig a bhruidhinn, leughadh no | Leanaidh sinn oirnn a' dèanamh ar dìcheall gus cothroman fhaighinn cur ri ar | Aithisg Dhearcnachaidh Bhliadhnail | Leantainneach | HR         |

|    |   |  |   |               |                                |
|----|---|--|---|---------------|--------------------------------|
|    | sgriobhadh; mar eisimpleir, bithear ga shònrachadh riatanach Gàidhlig a bhith aig gin a bhios a' lìbhrigeadh ionnsachadh na Gàidhlig. Nochdaidh sanasan spèis ch-ionann ris a' Ghàidhlig agus a' Bheurla, agus thèid fa-near a thoirt do chomas cànanach mar phàirt de phròiseas an trusaidh.   | comas ann an sgilean cànan na Gàidhlig.  |   |               |                                |
| 24 | Bidh sinn a' comharrachadh an luchd-obrach agus nam ball taghte a tha airson trèanadh ann am mothachadh na Gàidhlig agus bidh sinn a' prìomhachasachadh a rèir feumalachdan obrach, mar eisimpleir an fheadhainn a tha an sàs ann an lìbhrigeadh a' Phlana Ghàidhlig. Ri linn a' phlana, thèid an trèanadh seo a bhrosnachadh is a chur air adhart gu gach ball taghte. | Cuiridh sinn air dòigh cothroman do luchd-obrach is buill taghte air am prìomhachasachadh a bhith a' gabhail pàirt ann an trèanadh mothachadh na Gàidhlig. | Beachdan air ais thugainn ìre-frithealaidh                  | Leantainneach | Coimhearsnachdan Ceangailte/HR |
| 25 | Leasaichidh sinn is broснаichidh sinn ionnsachadh coimhearsnachd agus air-loidhne na Gàidhlig mar thoiseach-tòiseachaidh  | Nì sinn sanasachd is broснаichidh sinn luchd-obrach gu cunbhalach a bhith a' gabhail ri cothroman gus Gàidhlig ionnsachadh.                                | Beachdan air ais thugainn ìre-frithealaidh                  | Bliadhna 1    | Coimhearsnachdan Ceangailte/HR |
| 26 | Cuiridh sinn na meadhanan sòisealta is làraichean didseatach eile gu feum airson mothachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.   | Nì sinn ath-sgrùdadh dheth seo leis an sgioba Chonaltraidh againn  | Pròiseas air a shoilleireachadh agus barrachd bhrosnachaidh | Bliadhna 1    | Sgioba Conaltraidh             |
| 27 | Cuiridh sinn ceanglaichean air dòigh gus am bi a' Ghàidhlig fighte a-steach anns a' Phlana Ionnsachaidh airson Siorrachd Àir a Tuath  | Nì sinn ath-sgrùdadh dheth seo leis an Sgioba Ionnsachadh is   | Aithisg Dhearcnachaidh Bhliadhnail Plana Ionnsachaidh       | Bliadhna 1    | Sgioba Ionnsachadh &           |

|  |  |  |  |  |                              |
|--|--|--|--|--|------------------------------|
|  |  | Leasachadh<br>Coimhearsnachd<br>againn |  |  | Leasachadh<br>Coimhearsnachd |
|--|--|--|--|--|------------------------------|

## OBRACHAIDHEAN LÀITHEIL

Tha cleachdadh na Gàidhlig aig fìor thoiseach conaltraidh eadar am mòr-shluagh agus ùghdarras poblach ag àrdachadh làthaireachd fhaicsinneach is chlaistinneach na Gàidhlig agus a' cur ris an tuigse gu bheil a' ceadachadh agus a' cur fàilte air cleachdadh na Gàidhlig. A bharrachd air inbhe a' chànain a thogail, tha seo a' toirt seachad cothroman airson a cleachdadh pragtaigich agus a' brosnachadh dhaoine a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig an dèidh sin is iad a' dèiligeadh ris an ùghdarras phoblach.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh post, post-d is fòn le ùghdarras cudromach airson cothroman pragtaigeach a chruthachadh a thaobh cleachdadh a' chànain, agus ann a bhith a' cur ris an tuigse gu bheil a' ceadachadh is a' cur fàilte air a chleachdadh. Faodaidh gu bheil e buannachdail cuideachd gu bheil Gàidhlig a' nochdadh ann an raon farsaing de dh'fuirmean dà-chànanaich agus fuirmean le Gàidhlig a-mhàin ann a bhith ag àrdachadh faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Faodaidh deiseileachadh fuirmean Gàidhlig, tagraidhean agus a leithid de sgrìobhainnean a bhith cuideachail ann a bhith a' meudachadh na farsaingeachd de bhriathrachas Gàidhlig cuideachd, agus cur ri mothachadh a' mhòr-shluaigh air a' bhriathrachas seo, rud a bhios na chuideachadh do leasachadh a' chànain fhèin.

**Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath ag aithneachadh gu bheil e cudromach cothroman a chur air dòigh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig gu pragtaigeach ann an raon farsaing de shuidheachaidhean làitheil agus tha i an geall air ìre a solarachaidh a mheudachadh san àrainn seo.**

| Obrachaidhean Làitheil |                      |                          |                    |                  |            |
|------------------------|----------------------|--------------------------|--------------------|------------------|------------|
| Àir.                   | Na Nithear An-dràsta | Na dh'fheumas<br>Dèanamh | Mar a<br>Soirbheas | Chithear<br>Deit | Aig Stiùir |

|    |   |  |  |               |   |
|----|---|--|--|---------------|---|
| 28 | Tha suaicheantas dà-chànanach agus beagan abairtean Gàidhlig aig Comhairle Siorrachd Àir a Tuath ann an cuid de na h-ionadan-fàilte. Tha sinn a’ tairgse chothroman don luchd-obrach uile Gàidhlig a thogail sa phrògram ionnsachaidh againn agus bidh sinn a’ brosnachadh seo gu luchd-obrach a bhios a’ dèiligeadh ri daoine. | Cuiridh sinn air adhart mothachadh an luchd-obrach dhan Phlana Ghàidhlig againn le bhith a’ leasachadh cùrsa ionnsachadh-dealain agus broснаichidh sinn a’ Ghàidhlig tro lìbhrigeadh sa choimhearsnachd. | Barrachd cleachdaidh clàraichte ann am modh-sgrùdadh sgilean an luchd-obrach   | Bliadhna 1    | GLP & HR  |
| 29 | Nì sinn ath-nuadhachadh de mhodh-sgrùdadh sgilean an luchd-obrach againn gus ceanglaichean dìreach a dhèanamh agus gus trèanadh ann an sgilean cànan a bhrosnachadh gu dìreach don luchd-obrach aig a bheil ùidh ann.   | Gheibh sinn a-mach cò an luchd-obrach sa chomhairle air fad, agus nam measg an fheadhainn a bhios a’ dèiligeadh ri daoine, a bu toil leotha trèanadh fhaighinn ann an Gàidhlig.                          | Barrachd cleachdaidh clàraichte ann am modh-sgrùdadh sgilean an luchd-obrach   | Leantainneach | Ceannard Sheirbheisean, Coimhearsnachdan Ceangailte |
| 30 | Nì sinn sanasachd is broснаichidh sinn luchd-obrach gu cunbhalach a bhith a’ gabhail nan cothroman Gàidhlig ionnsachadh.  | Nì sinn sanasachd is broснаichidh sinn luchd-obrach gu cunbhalach a bhith a’ gabhail nan cothroman Gàidhlig ionnsachadh.   | Barrachd cleachdaidh clàraichte ann am modh-sgrùdadh sgilean an luchd-obrach, le targaid gum bi 50 a’ cleachdadh faclan sìmplidh: faicibh sgilean Gàidhlig luchd-obrach NAC, taobh-duilleig 8. | Leantainneach | Ceannard Sheirbheisean, Coimhearsnachdan Ceangailte |

|    |   |   |  |            |   |
|----|---|---|--|------------|---|
| 31 | Brosnaichidh sinn ar luchd-obrach àrd-rangach, buill thaghte, luchd-obrach le Gàidhlig nan raon-obrach agus luchd-obrach NAC eile a bhith a' cleachdadh beannachdan agus eàrr-sgrìobhaidhean dà-chànanach sna puist-d aca.                                      | Bheir sinn seachad eadar-theangachaidhean airson nan abairtean is nan tiotalan obrach a bhios sinn a' cleachdadh agus cuiridh sinn seo am meud.   | Barrachd cleachdaidh   | Bliadhna 1 | Ceannard Sheirbheisean, Coimhearsnachdan Ceangailte |
| 32 | Lorgaidh sinn an luchd-obrach sa chomhairle a bhiodh deònach trèanadh fhaighinn sa Ghàidhlig gus an deigheadh aca air coinneamhan poblach a chur a' dol agus a thoirt gu crìch.   | Lorgaidh sinn an luchd-obrach sa chomhairle a bhiodh deònach trèanadh fhaighinn sa Ghàidhlig gus an deigheadh aca air coinneamhan poblach a chur a' dol agus a thoirt gu crìch.   | Barrachd cleachdaidh clàraichte ann am modh-sgrùdadh sgilean an luchd-obrach | Bliadhna 2 | Ceannard Sheirbheisean, Coimhearsnachdan Ceangailte |
| 33 | Lorgaidh sinn dòighean anns an tèid againn air a dhèanamh comasach agus a bhrosnachadh Gàidhlig a chleachdadh ann an coinneamhan far a bheil an cuspair a' buntainn ris a' Ghàidhlig agus far a bheil luchd-labhairt na Gàidhlig airson an cànan a chleachdadh. | Cleachdaidh sinn barrachd Gàidhlig ann an coinneamhan far a bheil an cuspair a' buntainn ris a' Ghàidhlig le bhith a' faighinn a-mach ro-làimh a bheil iarrtas ann an cànan a chleachdadh gus an tèid againn air eadar- | Aithisg Dhearcnachaidh Bhliadhnail   | Bliadhna 1 | Ceannard Sheirbheisean, Coimhearsnachdan Ceangailte |

|    |   |  |                        |               |                             |
|----|---|--|------------------------|---------------|-----------------------------|
|    |   | theangachadh a chur air dòigh.               |                        |               |                             |
| 34 | Lorgaidh sinn dòighean san tèid againn air a dhèanamh comasach agus a bhrosnachadh Gàidhlig a chleachdadh ann am pròiseas nan gearainean, far a bheil iarrtas ann bho luchd-labhairt na Gàidhlig. | Cumaidh sinn sùil air an ìre de dh'iarrrtas. | Fianais de dh'iarrrtas | Leantainneach | Ionmhas agus Taic Chorporra |

## CONALTRADH

Faodaidh a bhith cuideachail airson leasachadh na Gàidhlig ann an caochladh dhòighean ma chleachdar a' Ghàidhlig sna meadhanan agus ann an stuthan clò-bhuailte eadar-dhealaichte. Thathar a' cur ri faicsinneachd a' chànain, thathar ag àrdachadh inbhe na Gàidhlig nuair a thathar ga cleachdadh ann am foillseachaidhean le ìomhaigh àrd, agus thathar a' leasachadh briathrachais a tha ann mar-thà no a tha ga dhèanamh às ùr. Thathar a' sealltainn cho dealasach 's a tha ùghdarras poblach mu bhith a' toirt seachad fiosrachaidh chudromaich sa Ghàidhlig nuair a thèid a' Ghàidhlig a cleachdadh sna meadhanan, a bharrachd air cur ri faicsinneachd is inbhe a' chànain. Mar a chì ùghdarrasan poblach gu bheil daoine a' faighinn greim air fiosrachadh tro an làraichean-lìn, 's ann gu mòr as motha, mar sin, a chuireas cleachdadh na Gàidhlig ri inbhe is faicsinneachd a' chànain.

**Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath an geall air cur ri cleachdadh na Gàidhlig sna raointean far a bheil an cuspair gu h-àraidh inntinneach don mhòr-shluagh no a' buntainn gu sònraichte ri cùisean na Gàidhlig.**

| Conaltradh |   |  |  |            |                    |
|------------|---|--|--|------------|--------------------|
| Àir.       | Na Nithear An-dràsta  | Na dh'fheumas Dèanamh  | Mar a Chithear Soirbheas                             | Deit       | Aig Stiùir         |
| 35         | Cuiridh sinn gnìomhachdan is coileanaidhean na Gàidhlig am follais do na meadhanan. | Nì sinn ath-sgrùdadh dheth seo leis an sgioba Chonaltraidh againn agus e san amharc dhuinn | Pròiseas nas soilleire agus barrachd follaiseachaidh | Bliadhna 1 | Sgioba Conaltraidh |



|    |  |   |  |               |   |
|----|--|---|--|---------------|---|
|    |  | Gàidhlig fhisge a-steach sna h-obrachaidhean aca ann an dòigh cho-rèireach  |  |               |   |
| 36 | Beachdaichidh sinn air an ìre de dh'ùidh sna meadhanan ionadail, far a bheil iarrtas ann, ann a bhith a' faighinn brathan-naidheachd sa Ghàidhlig.                             | Cumaidh sinn sùil air an ìre de dh'iarrtas.   | Fianais de dh'iarrtas                                | Leantainneach | Sgioba Conaltraidh                                    |
| 37 | Leanaidh sinn oirnn a' toirt seachad agus a' cur am follais fiosrachaidh dà-chànanaich mu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.        | Cumaidh sinn sùil air an ìre de dh'iarrtas.   | Barrachd thadhalan air an làraich-lìn                | Leantainneach | Sgioba na làraich-lìn<br>Foghlam &<br>Fastadh Òigridh |
| 38 | Nì sinn ath-sgrùdadh air Gàidhlig a nochdadh ann am prìomh sgrìobhainnean corporra.  | Bheir sinn a-steach solarachadh, cleachdadh agus follaiseachadh de sgrìobhainnean corporra dà-chànanaich, a bhios a' nochdadh spèis cho-ionann ris a' Ghàidhlig is a' Bheurla | Aithisg Dhearcnachaidh Bhliadhnail                   | Leantainneach | Ceannardan  |
| 39 | Bheir sinn a-steach solarachadh, cleachdadh agus follaiseachadh de sgrìobhainnean corporra dà-chànanaich, a bhios a' nochdadh spèis cho-ionann ris a' Ghàidhlig is a' Bheurla. | Nì sinn ath-sgrùdadh dheth seo leis an sgioba Chonaltraidh againn   | Aithisg Dhearcnachaidh Bhliadhnail                   | Leantainneach | Ceannardan  |
| 40 | Nì sinn ceangalan do na làraichean-lìn Gàidhlig iomchaidh.   | Nì sinn ath-sgrùdadh dheth seo leis an  | Pròiseas nas soilleire agus barrachd follaiseachaidh | Bliadhna 1    | Sgioba na làraich-lìn<br>GLP                          |

|    |   |  |                                    |               |                      |
|----|---|--|------------------------------------|---------------|----------------------|
|    |   | sgioba Chonaltraidh againn                       |                                    |               |                      |
| 41 | Leanaidh sinn oirnn a' libhrigeadh phrògram de thaisbeanaidhean a tha a' toirt Gàidhlig a-steach. | Fighte a-steach ann an libhrigeadh leantainneach | Aithisg Dhearcnachaidh Bhliadhnail | Leantainneach | Fiosrachadh & Cultar |

## CORPAS

Tha leasachadh na Gàidhlig san raon seo deatamach do Ghàidhlig sna bliadhnaichean a tha romhainn ann an Alba. Le bhith a' toirt fa-near dha seo, leigear le Gàidhlig briathrachas agus ìrean-cànain ùra a leasachadh, agus bhuithe sin thig barrachd buntainneachd agus seasmhachd. Air na h-adhbharan seo, nithear na dh'fheumas airson dèanamh cinnteach gun cumar a' dol le leasachadh na Gàidhlig.

**Tha Comhairle Siorrachd Àir a Tuath ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e Gàidhlig a leasachadh gus am bi i a' freagairt air gach cleachdadh iomchaidh agus airson a cur gu feum ann am barrachd is barrachd co-theacsan sa bheil i a' nochdadh.**

| Conaltradh |   |   |                                      |               |   |
|------------|---|---|--------------------------------------|---------------|---|
| Àir.       | Na Nithear An-dràsta  | Na dh'fheumas Dèanamh   | Mar a Chithear Soirbheas             | Deit          | Aig Stiùir  |
| 42         | Leanaidh sinn oirnn ag obair le coimhearsnachdan agus com-pàirtichean airson mothachadh a chur am meud de dh'ainmean-àite na Gàidhlig ann an tachartasan cultarail. | Nì sinn ath-sgrùdadh air seo leis na h-oifigearan Gàidhlig agus an sgioba Chonaltraidh againn | Barrachd follaiseachaidh             | Bliadhna 1    | Oifigearan na Gàidhlig & Sgioba Chonaltraidh        |
| 43         | Nì sinn cinnteach gum bi obair air ainmean-àite na Gàidhlig ann an co-rèir ri riaghailtean a chuireadh leis an dreachd as ùire de                                   | Leantainneach   | A' cur ainmean ùra ris na tha againn | Leantainneach | Ceannard Sheirbheisean, Coimhearsnachdan Ceangailte |

|    |  |               |  |               |   |
|----|--|---------------|--|---------------|---|
|    | Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig (GOC) agus Ainmean-Àite na h-Alba.   |               |  |               |   |
| 44 | Obraichidh sinn le eadar-theangairean eòlach airson freagairt air iarrtasan airson eadar-theangachaidh Gàidhlig. | Leantainneach | Aithisg Dhearcnachaidh Bhliadhnail, ma tha sin iomchaidh | Leantainneach | Ceannard Sheirbheisean, Coimhearsnachdan Ceangailte |
| 45 | Com-pàirtichidh sinn rannsachadh is fianais mun Ghàidhlig leis an luchd-obrach.                                  | Leantainneach | Aithisg Dhearcnachaidh Bhliadhnail, ma tha sin iomchaidh | Leantainneach | Ceannard Sheirbheisean, Coimhearsnachdan Ceangailte |

## TOIRT GU BUIL AGUS DEARCACHADH

### CLÀR-AMA

Bidh am Plana Gàidhlig seo ann an gnìomh gu foirmeil fad còig bliadhna bhon cheann-latha air an tèid aontachadh le Bòrd na Gàidhlig. Aig crìoch na h-ùine seo air a' char as fhaide, nì sinn ath-bhreithneachadh air a' Phlana, nì sinn na h-atharrachaidhean a tha dhìth agus cuiridh sinn chun a' Bhùird e gus a cheadachadh.

### A' FOILLSEACHADH A' PHLANA

#### AIR AN TAOBH A-MUIGH

---

Thèid Plana Gàidhlig Siorrachd Àir a Tuath fhoillseachadh anns an dà chànan air làrach-lìn Chomhairle Siorrachd Àir a Tuath. Na bhroinn, nì sinn mar a leanas:

- brath-naidheachd a sgaoileadh san dà chànan mun phlana
- meadhanan sòisealta dà-chànanach a chur gu feum airson am plana fhoillseachadh
- lethbhreacan den phlana a sgaoileadh sna h-oifisean poblach is sna h-ionadan-fàilte againn
- fios mun phlana a thoirt do luchd-obrach Chomhairle Siorrachd Àir a Tuath tron eadra-lìn againn
- lethbhreacan den phlana a thoirt do Bhuidhnean Poblach Neo-riaghaltais, do bhuidhnean-gnìomha, do luchd-gnìomha is do luchd-cunraidh
- lethbhreacan den phlana a thoirt do bhuidhnean Gàidhlig
- lethbhreacan den phlana a thoirt do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh sa chùis; agus
- lethbhreacan a sgaoileadh nuair a thathar gan iarraidh.

## A' TOIRT FIOS DO BHUIDHNEAN EILE MUN PHLANA

---

Leig sinn fios dha na 6 Com-pàirteachasan Ionadachd againn mun cho-chomhairleachadh a tha ri thighinn aig an coinneamh sa Mhàrt 2019 agus bheir sinn seachad na naidheachdan as ùire aig na coinneamhan san Ògmhios agus san t-Sultain. Cuiridh sinn fios gu buidhnean eile, nam measg treas pàrtaidhean agus buidhnean leth-eisimeileach leis am bi sinn ag obair airson solarachadh nan seirbheisean againn, tro mheadhanan sòisealta agus air làrach-lìn na Comhairle agus brosnachidh sinn iad co-obrachadh ann an co-rèir ris na gnìomhachdan a tha air an cur am follais sa phlana seo.

## AIR AN TAOBH A-STAIGH

---

Cuiridh sinn air dòigh cùrsa ionnsachadh-dealain gus daoine a dhèanamh nas mothachaile dhan Phlana Ghàidhlig agus gus sealltainn cho cudromach 's a tha e dhan Chomhairle. Thèid innse dhan luchd-obrach mun cho-chomhairleachadh ann am brathan àbhaisteach air an taobh a-staigh.

## GOIREASAN AIRSON A' PHLANA

Thèid na gnìomhachdan againn am maoineachadh tron teachd-a-steach àbhaisteach againn agus leanaidh sinn oirnn a' sireadh maoineachaidh bhon taobh a-muigh airson cothroman na Gàidhlig a chur am feabhas ann an Siorrachd Àir a Tuath.

## DEARCNACHADH A' PHLANA

Thèid sùil a chumail air seo agus foillsichidh sinn aithisg air adhartas gach bliadhna air làrach-lìn Comhairle Siorrachd Àir a Tuath agus seo a chur gu Bòrd na Gàidhlig.

Thèid Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Àir a Tuath:

- fhoillseachadh san dà chànan air an làraich-lìn;
- a chur am follais ann am brath naidheachd a dh'fhoillsicheas am plana;
- a sgaoileadh san ionad seirbheisean chustamairean againn, ann an leabharlannan agus ann an ionad-fàilte a' phrìomh-oifis chorporra;
- a chur air adhart gu luchd-cosnaidh tro Connects, eadra-lìon Comhairle Siorrachd Àir a Tuath;
- a sgaoileadh gu buidhnean com-pàirteach, mar as iomchaidh;
- a sgaoileadh gu buidhnean Gàidhlig; agus
- a sgaoileadh nuair a thathar ga iarraidh.

## EÀRR-RÀDH 1 – MODH-SGRÙDADH AIR COMASACHD GHÀIDHLIG AIR AN TAOBH A-STAIGH

Geàrr-chunntas air t.d.9 agus barrachd fiosrachaidh [www.north-ayrshire.gov.uk](http://www.north-ayrshire.gov.uk) feuch seach airson Plana Cànan Gaidhlig

## EÀRR-RÀDH 2 – TORAIDHEAN A' CHO-CHOMHAIRLEACHAIDH

Geàrr-chunntas air t.d.6 agus barrachd fiosrachaidh [www.north-ayrshire.gov.uk](http://www.north-ayrshire.gov.uk) , feuch seach airson Plana Cànan Gaidhlig.